

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total

--

**1220/401**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN  
9.00 AM – 9.40 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Leughadh

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal**

Làn ainm na sgoile no na colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Là breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



## EARRANN A

Dhùisg am baile madainn Dihaoine mar a b' àbhaist. Cha robh ach trithead taigh anns a' bhaile is bha muinntir a' bhaile air fad eòlach air a chèile. 'S e baile brèagha, sàmhach a bh' ann a chaidh a thogail faisg air a' chladach, coltach ri iomadh baile eile air an eilean.

Cha robh ach trì làithean gus am biodh an Nollaig ann is nuair a dh'fhosgail cùirtearan a' bhaile bha solais dhathte air na craobhan Nollaig a' deàrrsadh anns gach uinneig. Bha na taighean cho faisg sin air a chèile. Ach bha aon taigh ann, *Sealladh na Mara*, a bha pìos air falbh bho chach. Ged a bha, cha robh e cho fada sin air falbh.

## CEISTEAN

1. Cia mheud taigh a bha anns a' bhaile?

\_\_\_\_\_

1

2. Dè bha fìor mu mhuinntir a' bhaile?

Cha robh am baile a' còrdadh riutha.	
Cha robh iad eòlach air duine sam bith eile.	
B' aithne dhaibh uile a chèile.	

1

3. Cò ris a bha am baile coltach?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

4. Ciamar a bha am baile coltach ri iomadh baile eile air an eilean?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

*Comharraidhean*

5. Dè tha ag innse dhut gun robh an Nollaig faisg nuair a chaidh na cùirtearan fhosgladh?

---

---

---

3

6. Ciamar a bha *Sealladh na Mara* eadar-dhealaichte bho na taighean eile?

---

1

(10)

**[Tionndaidh an duilleag**

## EARRANN B

'S ann aig teaghlach beairteach aig an robh sreath de bhùthan air feadh nan eilean a bha an taigh seo. B' e *Sealladh na Mara* an t-ainm a bha air an taigh – taigh spaideil, làn sheòmraichean. Bhiodh fear an taighe gu math tric air falbh a chionn gun robh bùthan eile aige thall thairis cuideachd. Bha e a' cur beagan dragh air muinntir a' bhaile nach robh barrachd fiosrachaidh aca mu dheidhinn.

Ach, b' e àm na Nollaig a bha ann is bha am fear-gnothaich aig an taigh. Bha e còmhla ri a theaghlach mar a bha a' mhòr-chuid de dhaoine aig an àm shònraichte seo, a dh'aindeoin cho trang 's a bha iad fad na bliadhna.

## CEISTEAN

1. Ciamar a bha an teaghlach aig an robh an taigh air airgead mòr a dhèanamh?

---



---



---

3

2. Cò ris a bha an taigh coltach?

---



---

2

3. Carson a bhiodh fear an taighe tric air falbh?

---



---

2

4. Dè bha a' cur dragh air muinntir a' bhaile?

---

1

*Comharraidhean*

5. Càite an robh am fear-gnothaich aig an àm seo?

\_\_\_\_\_

**1**

6. Cò bha còmhla ris?

\_\_\_\_\_

**1**

**(10)**

**[Tionndaidh an duilleag**

## EARRANN C

Ged a bha a' mhadainn rudeigin dorch nuair a thug Dòmhnall Mac a' Ghobhainn sùil a-mach tron uinneig, bha e follaiseach gun robh ùpraid mhòr shuas aig *Sealladh na Mara*. Chunnaic e daoine a' tighinn is a' falbh. An uair sin thàinig càr geal le solas gorm air a mhullach agus stad e aig an taigh. Dh'aithnich Dòmhnall gun robh rudeigin ceàrr. Bha seo gu bhith inntinneach. Choisich e a-mach an doras is thachair e ri nàbaidh, Calum Ruadh. “Dè idir a tha a' dol air adhart an-seo?” dh'fhaighnich e.

“Tha gu lèor,” fhreagair Calum. “Tha e coltach gun deach boireannach òg a mhurt. Chaidh a lorg a-muigh air cùl an taighe.” Chùm am bodach air, is a h-uile coltas air gun robh gnothaichean a' còrdadh ris. “Chan eil fhios le cinnt fhathast ach chuala mi ann an oifis a' phuist gun deach a marbhadh le peilear bho ghunna.”

B' ann mar sin a thòisich àm na Nollaig anns a' bhaile a' bhliadhna ud!

## CEISTEAN

1. Dè bha a' tachairt taobh a-muigh na h-uinneig?

---



---

2

2. Dè dìreach a chunnaic Dòmhnall?

---

1

3. Cò ris a bha an càr coltach?

---



---

2

4. Dè smaoinich Dòmhnall nuair a chunnaic e an càr?

---

1

Comharraidhean

5. Dè an naidheachd a bha aig Calum?

---



---

2

6. A rèir na chuala Calum, ciamar a thachair seo?

---



---

2

**(10)**  
**[30]**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

--

Total Mark

**1220/404**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Ceistean)

**Lion na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm (ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

**Sanas airson Earrainn A agus Earrainn B.**

Cluinnidh tu earrann.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an trì pàirtean, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist gu faiceallach a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa  no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**CEISTEAN**

**Earrann A**

**Pàirt I**

1. Dè cho tric 's a bhitheas na Geamannan a' tachairt?

uair sa mhìos	
dà uair sa bhliadhna	
uair sa bhliadhna	

1

2. Cia mheud bliadhna a tha na Geamannan air a bhith a' gabhail àite?

50	
100	
150	

1

3. Ciamar a tha an aimsir an-dràsta?

\_\_\_\_\_

1

4. Dè an dòchas a tha aig an neach a tha a' bruidhinn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

**Pàirt II**

5. (a) Dè an rud a bhitheas aig an luchd-èisteachd?

\_\_\_\_\_

1

(b) Dè tha na bhroinn?

\_\_\_\_\_

1

6. Cuin a bhitheas an rèis-beinne a' tòiseachadh?

\_\_\_\_\_

1

7. Càite am bi na rèisean as giorra?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt III**

8. Dè bhitheas a' tachairt aig dà uair?

\_\_\_\_\_

1

9. Ciamar a bhitheas na Geamannan a' crìochnachadh?

\_\_\_\_\_

1

10. Dè ghabhas ceannach tron latha?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

11. Càit an tèid prothaid sam bith?

do dhachaigh sheann dhaoine	
do Gheamannan na h-ath-bhliadhna	
don choimhearsnachd	

1

**(15)**

**Earrann B**

**Pàirt I**

1. Dè bhitheas a' tachairt air an oidhche?

diosgo	
dannsa	
pàrtaidh	

1

2. Cuin a bhitheas seo a' gabhail àite?

---



---

2

3. Cò tha ann am *Balaich a' Chnuic*?

còmhlán-ciùil	
dannsairean	
sgioba iomain	

1

4. Càit am faighear tiogaidean?

---

1

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt II**

5. Dè chì daoine ann am prògram nan geamannan?

---

1

6. Dè chosgais na tiogaidean?

---

1

7. Dè an duais a tha ann?

---

---

2

8. Cuin a gheibhear a-mach cò bhuannaich an rafail?

---

1

**Pàirt III**

9. (a) Cò dha a tha am fear-labhairt a' toirt taing?

daoine a tha a' gabhail pàirt san latha	
daoine a tha a' cur nan geamannan air dòigh	
daoine a tha a' tighinn a choimhead	

1

(b) Dè thachradh mur a bitheadh na daoine seo ann?

\_\_\_\_\_

1

10. (a) Dè an obair a bha aig Iain?

ionmhasair	
neach-cathrach	
rùnaire	

1

(b) Carson a tha e a' fàgail?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

(15)

[30]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



# 1220/405

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Earrann)

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN A

Tha Geamannan Gàidhealach a' tòiseachadh ann an Srath na h-Aibhne. Tha an sluagh a tha air a thighinn ann a' cluinntinn seo:

### Pàirt I

Fàilte oirbh gu ar geamannan bliadhnaile an seo ann an Srath na h-Aibhne. 'S e cruinneachadh fìor shònraichte a tha seo 's sinn air a bhith a' thighinn còmhla a-nis airson caogad bliadhna. Ged a tha fras bheag ann an-dràsta, tha sinn an dòchas gun tog na sgòthan 's gum bi latha teth samhraidh againn.

### Pàirt II

Bu chòir gum bi prògram agaibh uile agus, na bhroinn, tha fiosrachadh mu na bhitheas a' tachairt tron latha. Mar a chì sibh, tha a' mhadainn gu bhith air a lionadh le farpaisean ruith. Bidh an rèis-beinne a' tòiseachadh ann an cairteal na h-uarach 's bu chòir do na co-fharpaisich a bhith a' cruinneachadh aig an loidhne-tòiseachaidh an-dràsta. Bidh rèisean nas giorra a' gabhail àite ann am pàirc na sgoile.

### Pàirt III

'S iomadh tachartas a bhitheas a' dol air adhart feasgar. Bidh dannsa Gàidhealach ri fhaicinn aig dà uair agus bidh a' cho-fharpais iomain a' tòiseachadh aig trì. Thig na geamannan gu crìch le pìobaireachd aig ceithir uairean. Tron latha, faodaidh sibh biadh is deoch a cheannach anns an teanta mhòr. Thèid prothaid sam bith a bhitheas air a dèanamh a chur gu dachaigh nan seann dhaoine ann am Baile na h-Aibhne.

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Fàilte oirbh gu ar geamannan bliadhnaile an seo ann an Srath na h-Aibhne. 'S e cruinneachadh fìor shònraichte a tha seo 's sinn air a bhith a' thighinn còmhla a-nis airson caogad bliadhna. Ged a tha fras bheag ann an-dràsta, tha sinn an dòchas gun tog na sgòthan 's gum bi latha teth samhraidh againn.

*(10 seconds)*

## CEISTEAN

1. Dè cho tric 's a bhitheas na Geamannan a' tachairt?

uair sa mhìos, no

dà uair sa bhliadhna, no

uair sa bhliadhna

*(30 seconds)*

2. Cia mheud bliadhna a tha na Geamannan air a bhith a' gabhail àite?

50, no

100, no

150

*(30 seconds)*

3. Ciamar a tha an aimsir an-dràsta?

*(30 seconds)*

4. Dè an dòchas a tha aig an neach a tha a' bruidhinn?

*(30 seconds)*

## **Pàirt II**

Bu chòir gum bi prògram agaibh uile agus, na bhroinn, tha fiosrachadh mu na bhitheas a' tachairt tron latha. Mar a chì sibh, tha a' mhadainn gu bhith air a lionadh le farpaisean ruith. Bidh an rèis-beinne a' tòiseachadh ann an cairteal na h-uarach 's bu chòir do na co-fharpaisich a bhith a' cruinneachadh aig an loidhne-tòiseachaidh an-dràsta. Bidh rèisean nas giorra a' gabhail àite ann am pàirc na sgoile.

*(10 seconds)*

## **CEISTEAN**

5. (a) Dè an rud a bhitheas aig an luchd-èisteachd?

*(30 seconds)*

(b) Dè tha na bhroinn?

*(30 seconds)*

6. Cuin a bhitheas an rèis-beinne a' tòiseachadh?

*(30 seconds)*

7. Càite am bi na rèisean as giorra?

*(30 seconds)*

**[Tionndaidh an duilleag**

### **Pàirt III**

'S iomadh tachartas a bhitheas a' dol air adhart feasgar. Bidh dannsa Gàidhealach ri fhaicinn aig dà uair agus bidh a' cho-fharpais iomain a' tòiseachadh aig trì. Thig na geamannan gu crìch le pìobaireachd aig ceithir uairean. Tron latha, faodaidh sibh biadh is deoch a cheannach anns an teanta mhòr. Thèid prothaid sam bith a bhitheas air a dèanamh a chur gu dachaigh nan seann dhaoine ann am Baile na h-Aibhne.

*(10 seconds)*

#### **CEISTEAN**

8. Dè bhitheas a' tachairt aig dà uair?

*(30 seconds)*

9. Ciamar a bhitheas na Geamannan a' crìochnachadh?

*(30 seconds)*

10. Dè ghabhas ceannach tron latha?

*(30 seconds)*

11. Càit an tèid prothaid sam bith?

do dhachaigh sheann dhaoine, no

do Gheamannan na h-ath-bhliadhna, no

don choimhearsnachd

*(30 seconds)*

(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN B

Tha barrachd fiosrachaidh ri chluinntinn aig Geamannan Gàidhealach Srath na h-Aibhne:

### Pàirt I

Tha mi an dòchas gu bheil sibh a' cuimhneachadh gu bheil dannsa gu bhith anns an taigh-òsta bho naoi uairean gu dà uair sa mhadainn. Bidh an còmhlan-ciùil ainmeil *Balaich a' Chmuic* air an àrd-ùrlar le cuid de na seinneadairean as fhèarr às an sgìre còmhla riutha. Gheibh sibh tiogaidean aig an taigh-òsta fhèin 's bidh iad a' cosg sia notaichean gu leth an duine.

### Pàirt II

Tha mi cinnteach gum bi sibh a' faicinn nur prògram gu bheil rafail gu bhith againn am-bliadhna. Cosgaidh tiogaid dà nota agus tha mi cinnteach gum bi sibh uile airson tiogaidean a cheannach nuair a chluinneas sibh an duais iongantach a tha againn – cola-deug anns an Fhraing. Bidh sinn ag innse cò bhannaich an rafail aig meadhan-oidhche. Gur math a thèid dhuibh!

### Pàirt III

Anns an dealachadh, bu toil leam taing a thoirt dhan a h-uile duine anns a' choimhearsnachd a tha ag obair gu cruaidh airson na Geamannan Gàidhealach seo a chumail a' dol bho bhliadhna gu bliadhna. Mur a bitheadh na daoine sin, cha bhitheadh a leithid de gheamannan ann. Bu mhath leam taing shònraichte a thoirt don neach-cathrach, Iain MacLeòid, a tha gar fàgail airson obair ùr ann an Glaschu.

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Tha mi an dòchas gu bheil sibh a' cuimhneachadh gu bheil dannsa gu bhith anns an taigh-òsta bho naoi uairean gu dà uair sa mhadainn. Bidh an còmhlan-ciùil ainmeil *Balaich a' Chmuic* air an àrd-ùrlar le cuid de na seinneadairean as fhèarr às an sgìre còmhla riutha. Gheibh sibh tiogaidean aig an taigh-òsta fhèin 's bidh iad a' cosg sia notaichean gu leth an duine.

*(10 seconds)*

### CEISTEAN

1. Dè bhitheas a' tachairt air an oidhche?

diosgo, no

dannsa, no

pàrtaidh

*(30 seconds)*

2. Cuin a bhitheas seo a' gabhail àite?

*(30 seconds)*

3. Cò tha ann am *Balaich a' Chmuic*?

còmhlan-ciùil, no

dannsairean, no

sgioba iomain

*(30 seconds)*

4. Càit am faighear tiogaidean?

*(30 seconds)*

## Pàirt II

Tha mi cinnteach gum bi sibh a' faicinn nur prògram gu bheil rafail gu bhith againn am-bliadhna. Cosgaidh tiogaid dà nota agus tha mi cinnteach gum bi sibh uile airson tiogaidean a cheannach nuair a chluinneas sibh an duais iongantach a tha againn – cola-deug anns an Fhraing. Bidh sinn ag innse cò bhuannaich an rafail aig meadhan-oidhche. Gur math a thèid dhuibh!

*(10 seconds)*

### CEISTEAN

5. Dè chì daoine ann am prògram nan geamannan?

*(30 seconds)*

6. Dè chosgais na tiogaidean?

*(30 seconds)*

7. Dè an duais a tha ann?

*(30 seconds)*

8. Cuin a gheibhear a-mach cò bhuannaich an rafail?

*(30 seconds)*

## Pàirt III

Anns an dealachadh, bu toil leam taing a thoirt dhan a h-uile duine anns a' choimhearsnachd a tha ag obair gu cruaidh airson na Geamannan Gàidhealach seo a chumail a' dol bho bhliadhna gu bliadhna. Mur a bitheadh na daoine sin, cha bhitheadh a leithid de gheamannan ann. Bu mhath leam taing shònraichte a thoirt don neach-cathrach, Iain MacLeòid, a tha gar fàgail airson obair ùr ann an Glaschu.

*(10 seconds)*

### CEISTEAN

9. (a) Cò dha a tha am fear-labhairt a' toirt taing?

daoine a tha a' gabhail pàirt san latha, no  
daoine a tha a' cur nan geamannan air dòigh, no  
daoine a tha a' tighinn a choimhead

*(30 seconds)*

- (b) Dè thachradh mur a bitheadh na daoine seo ann?

*(30 seconds)*

10. (a) Dè an obair a bha aig Iain?

ionmhasair, no  
neach-cathrach, no  
rùnaire

*(30 seconds)*

- (b) Carson a tha e a' fàgail?

*(30 seconds)*

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**